

# N5

National 5  
Course  
Specification



# Sònachadh Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5

## Bho Lùnastal 2013

An deasachadh seo: Giblean 2013, dreach 1.0

Faodar an sònachadh seo ath-riochedachadh gu h-iomlan no ann am páirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochedachadh, agus, ma thèid páirt dheth ath-riochedachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònachadh Cùrsa seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near nota air atharraichean aig deireadh Sònachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bhon dreach eile (far a bheil seo iomchaidh).

© Ùghdarris Theisteanas na h-Alba 2013

# Cnàmhan a' Chùrsa

**Tiotal a' Chùrsa:** Eachdraidh Nàiseanta 5

**SCQF:** Ìre 5 (24 puingean creideis SCQF)

**Còd a' Chùrsa:** ri thiginn

## Aonadan Riatanach

Sgrùdadadh Eachdraidheil: Alba (Nàiseanta 5)	6 puingean creideis SCQF
Sgrùdadadh Eachdraidheil: Breatainn (Nàiseanta 5)	6 puingean creideis SCQF
Sgrùdadadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus an Saoghal (Nàiseanta 5)	6 puingean creideis SCQF

**Measadh Cùrsa** 6 puingean creideis SCQF

Tha sia puingean creideis SCQF sa Chùrsa seo gus ùine a bharrachd a cheadachadh airson ullachadh mu choinneamh measadh a' Chùrsa. Tha measadh a' Chùrsa a' còmhach luach-leasachte a' Chùrsa. Tha fiosrachadh a bharrachd mu mheasadh a' Chùrsa ri fhaighinn san earrainn air Measadh.

## Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- ◆ Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 4 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd.

## Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Eachdraidh Àrd-ìre no na h-Aonadan aige
- ◆ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

## Co-ionannachd agus in-ghabhall

Tha an Sònrrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

## Feallsanachd

Tha na Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte uile a' nochdadhl luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' taigsiinn sùlbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, fòcas nas fheàrr air sgilean agus a' cleachdadhl ionnsachadh, agus cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Anns a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus cleachdadhl nan sgilean sin. Bidh dòighean measaidh co-rèireach, freagarrach agus a' cur air adhart sàr chleachdadhl, a' leigeil le luchd-ionnsachaidh na h-iaran as àirde a tha nan comas a ruighinn.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùblan agus cleachdadhl a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

### Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Tha an Cùrsa seo a' togail air prionnsapalan agus cleachdadhl airson eòlas sòisealta agus thèid a leasachadh gu h-àraighe, ged nach ann buileach, fon cheann 'daoine, tachartasan san àm a dh'halbh agus comainn-shòisealta' taobh a-staigh nan eòlasan agus nam builean ann an raon curraicealaim eòlas sòisealta.

Ann an Eachdraidh, leasaichidh luchd-ionnsachaidh an tuigse air an t-saoghal le bhith ag ionnsachadh mu dhaoine eile, agus mu na luachan aca, aig amannan agus ann an àitean agus suidheachaidhean diofraichte.

Brosnaichidh an Cùrsa seo luchd-ionnsachaidh gus beachdan cudromach a leasachadh, a' gabhail a-steach: inntinn phosgailte agus spèis do luachan, creideasan agus cultaran dhaoine eile; a bhith fosgailte do smaoineachadh agus bheachdan ùra; agus mothachadh air dleastanas agus saoranachd chruinneil.

Cuiridh an Cùrsa seo ri tuigse luchd-ionnsachaidh air a' chomann-shòisealta sa bheil iad beò 's ag obair, le bhith gan cuideachadh gus map a thogail den àm a dh'halbh, agus tuigse mhath fhaighinn air na forsaichean a tha air cumadh a thoirt don t-saoghal an-diugh.

Tha a bhith a' faighinn eòlas agus tuigse chuspaireil air tachartasan eachdraidheil aig cridhe a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith nan com-pàirtichean èifeachdach ann an comann-sòisealta, cho math ri bhith toirt dhaibh barrachd misneachd nan ionnsachadh agus nam beatha-obrach fhèin.

Brosnaichidh Eachdraidh luchd-ionnsachaidh gus buadhan agus comasan nan ceithir comasachdan a leasachadh bho iomadh sealladh. Mar eisimpleir, thèid sealladh an luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus bidh dùblan romhpa coimhead air an t-saoghal ann an dòighean ùra. Fàsaidh a' mhisneachd aca nuair a thòisicheas iad

a' tuigsinn barrachd mun dearbh-aithne fhèin agus mun àite fhèin san t-saoghal choaimsireil. Togaidh luchd-ionnsachaidh frèam de eòlas agus tuigse eachdraidheil a chuidicheas iad gus mothachadh fhaighinn air saoranachd earbsach.

Bheir an obair rannsachaidh agus breithneachaidh sa Chùrsa seo eòlas cudromach do luchd-ionnsachaidh a thaobh a bhith a' cur ri obair-buidhne agus cuideachd a bhith ag obair air an ceann fhèin. Gheibh luchd-ionnsachaidh buadhan a bhios cudromach airson am beatha agus an obair.

Tro sgilean agus susbaint a' Chùrsa seo, gheibh luchd-ionnsachaidh tuigse òrdail, chothromach air eachdraidh na h-Alba, Bhreatainn, na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghal. Leis gum bi cuideam air luachadh tòrr stòran eadar-dhealaichte, thèid sgilean smaoineachaidh a sìor leasachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' sìor leasachadh sgilean ann an littearrachd cuideachd le bhith a' cleachdad agus a' co-chur fiosrachadh ann an caochladh dhòighean.

## **Adhbhar agus amasan a' Chùrsa**

'S e adhbhar a' Chùrsa seo an saoghal a dh'fhalbh fosgladh do luchd-ionnsachaidh. Tha eachdraidh a' toirt lèirsinn do luchd-ionnsachaidh a thaobh am beatha fhèin agus a' chomainn-shòisealta agus an t-saoghal mhòir sa bheil iad beò.

Le bhith a' sgrùdad a dh'fhalbh, bidh tuigse nas fheàrr aig luchd-ionnsachaidh air na coimhearsnachdan aca fhèin, air an dùthaich agus air an t-saoghal mhòr. Le tuigse air a' bhun-bheachd leantalachd, bidh tuigse nas fheàrr aca air atharrachadh, agus a bhrigh, an dà chuid nan latha fhèin agus san àm a dh'fhalbh.

Gheibh an luchd-ionnsachaidh farsaingeachd agus doimhne san eòlas agus san tuigse aca air an àm a dh'fhalbh le bhith a' sgrùdad cho-theacsaichean mu Alba, mu Bhreatainn, mun Roinn Eòrpa agus mun t-Saoghal ann an linntean eadar-dhealaichte. Tha na roghainnean a' còmhach chuspairean bho na Meadhan-Aoisean, an Nuadh-aos Thràth agus an Nuadh-aos Anmoch, agus a' gabhail a-steach eileamaidean de dh'eachdraidh phoilitigeach, shòisealta, eaonamach agus chultarail. Faodar am modh a thèid a leasachadh agus an tuigse a gheibhear a chleachdad le suisheachaidhean agus cùisean eachdraidheil eile.

'S iad priomh amasan a' Chùrsa na leanas a leasachadh:

- ◆ tuigse bhun-bheachdail air an àm a dh'fhalbh agus comas smaoineachadh gu neo-eisimeileach
- ◆ grunn sgilean, a' gabhail a-steach comas sealladh eachdraidheil mionaideach a chleachdad, agus stòran ann an grunn cho-theacsaichean diofraichte a luachadh
- ◆ tuigse mhionaideach air na cùisean a tha a' cur ri, agus a' bhuaidh a tha aig, tachartasan eachdraidheil
- ◆ sgilean ann a bhith a' rannsachadh thachartasan eachdraidheil agus a' tighinn gu beachd stèidhte air fianais
- ◆ sgilean ann a bhith a' mìneachadh agus a' mion-sgrùdad thachartasan eachdraidheil, agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta

## Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa

Tha Cùrsaichean Eachdraidh buntainneach airson tòrr luchd-ionnsachaidh diofraichte. Tha an Cùrsa seo freagarrach dhaibhsan a tha airson tuigse fhaighinn air eachdraidh no a tha airson a dhol air adhart gu sgrùdadhbh eachdraidheil speisealaichte.

Gheibhear a-steach don Chùrsa seo le cead an ionaid. Ge-tà, 's dòcha gum bi e feumail do luchd-ionnsachaidh na sgilean agus an t-eòlas a bhith aca a chaidh a leasachadh tro eòlasan agus builean buntainneach bhon fhoghlam fharsaing choitcheann agus teisteanasan co-ionann.

Le bhith a' coileanadh a' Chùrsa seo gu soirbheachail leasaichidh luchd-ionnsachaidh grunn sgilean cudromach a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' toirt beachd air beagan stòran; a' taisbeanadh fiosrachadh bunaiteach mu chuspairean agus mu thachartasan eachdraidheil; agus a' cur co-dhùnadhbh bunaiteach stèidhete air fianais an cèill.

Gabhaidh na Cùrsaichean gu lèir san t-sreath seo ealla ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh gu lèir agus bheir iad sùbailteachd gu leòr gus leigeil le luchd-ionnsachaidh coileanadh ann an dòighean eadar-dhealaichte agus aig luaths eadar-dhealaichte.

Tha Aonadan agus Cùrsaichean Eachdraidh gan tabhann bho SCQF ìre 3 gu SCQF ìre 7. Gabhaidh adhartas direach a dhèanamh tro na h-ìrean de theisteanasan Eachdraidh agus tarsainn gu teisteanasan eile san t-sreath de Chùrsaichean ann an Eòlas Sòisealta.

Leigidh Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5 luchd-ionnsachaidh a-steach gu tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus trèanadh. Tha an Cùrsa seo na ullachadh airson tòrr obraichean agus dhreuchdan eadar-dhealaichte.

# Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Leasaichidh an Cùrsa seo grunn sgilean inntinneil. Brosnaichidh e ionnsachadh gniomhach fhad 's a tha e a' leasachadh tuigse air daoine agus comann-sòisealta san àm a dh'fhalbh. Togaidh agus cleachdaidh luchd-ionnsachaidh eòlas buntainneach agus ionnsaichidh iad mar a chleachdas iad sgilean ann an rannsachadh, mion-sgrùdadh agus luachadh air stòran gus tachartasan agus cuspairean eachdraidheil cudromach a thuigsinn agus a mhìneachadh.

Tha trì Aonadan riatanach sa Chùrsa seo. Anns gach Aonad tha sùbailteachd a thaobh cho-theacsainean agus chuspairean a dh'haodar sgrùdadh gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

Le bhith a' dèanamh a' Chùrsa seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh tòrr sgilean a ghabhas toirt tarsainn, a' gabhail a-steach: a' rannsachadh, a' luachadh beagan stòran; a' leasachadh tuigse air cuspairean agus tachartasan eachdraidheil cudromach; agus a' taisbeanadh bheachdan reusanta às an tig co-dhùnadhan cothromach stèidhte air fianais.

Thèid na sgilean gu h-àrd a leasachadh agus a chleachdadhe tarsainn air grunn cho-theacsainean eachdraidheil. Bheir gach Aonad cothroman cuideachd do luchd-ionnsachaidh a bhith ag amas air sgilean sònraichte.

Tha Aonadan nan cunntasan air slatan-tomhais airson measadh, 's chan ann nam prògraman ionnsachaidh agus teagaisg. Gabhaidh an libhrigeadh ann an grunn dhòighean.

## Sgrùdadh Eachdraidheil: Alba (Nàiseanta 5)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus grunn stòran eachdraidheil a luachadh. Faodar tachartasan agus cuspairean ann an eachdraidh an h-Alba a sgrùdadh bho na Meadhan-Aoisean, an Nuadh-aois Thràth agus an Nuadh-aois Anmoch. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air raon sgrùdadh eachdraidheil.

## Sgrùdadh Eachdraidheil: Breatainn (Nàiseanta 5)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus beachd a thoirt air buaidh leasachaidhean eachdraidheil. Faodar tachartasan agus cuspairean ann an eachdraidh Bhreatainn a sgrùdadh bho na Meadhan-Aoisean, an Nuadh-aois Thràth no an Nuadh-aois Anmoch. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air raon sgrùdadh eachdraidheil.

## Sgrùdadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus an Saoghal (Nàiseanta 5)

San Aonad seo, leasaichidh luchd-ionnsachaidh dòighean gus na cùisean a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil a luachadh. Faodar tachartasan agus cuspairean ann an eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghail a sgrùdadh bho na Meadhan-Aoisean, an Nuadh-aois Thràth no an Nuadh-aois Anmoch. Gheibh luchd-ionnsachaidh eòlas agus tuigse air raon sgrùdadh eachdraidheil.

## Cumhachan coileanaidh

Gus teisteanas a' Chùrsa fhaighinn, feumaidh an neach-ionnsachaidh na h-Aonadan a phasaigeadh gu lèir cho math ri measadh a' Chùrsa. Chithear na h-Aonadan riatanach ann an earrann cnàmhain a' Chùrsa. Bidh am measadh Cùrsa na bhunait gus buileachadh a rangachadh ann an teisteanas a' Chùrsa.

## Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh air sgilean, eòlas agus tuigse airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Sònrrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspair, an eòlas, agus an tuigse riatanach a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' còmhdaich:

- ◆ a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean, eòlas agus tuigse tarsainn air co-theacsainean bho eachdraidh na h-Alba, Bhreatainn agus na Roinn Eòropa agus an t-Saoghal
- ◆ a' luachadh tùs, adhbhar, susbaint agus/no co-theacsa stòran eachdraidheil
- ◆ a' luachadh buaidh leasachaidhean eachdraidheil, a' taisbeanadh fiosrachadh ann an dòigh òrdail
- ◆ a' luachadh nan cùisean a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil, a' tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta stèidhte air fianais
- ◆ le beagan stiùiridh, a' rannsachadh agus a' mion-sgrùdadadh fiosrachadh eachdraidheil
- ◆ a' leasachadh eòlas agus tuigse mhionaideach, a tha ceart sa mhòr-chuid, air cuspairean agus tachartasan eachdraidheil ann an co-theacsainean mu Alba, mu Bhreatainn, mun Roinn Eòropa agus mun t-Saoghal

# Measadh

Tha fiosrachadh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an *Sònrrachadh Measadh a' Chùrsa*. Bheir seo seachad làn mhion-fhiosrachadh, a' gabhail a-steach comhairle air mar a thèid buileachadh iomlan neach-ionnsachaidh airson a' Chùrsa a dhearbhadh.

## Measadh Aonaid

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an Sònrrachadh an Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan fhèin. Ni SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan sa Chùrsa seo mar a leanas:

### Sgrùdadadh Eachdraidheil: Alba (Nàiseanta 5)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas stòran eachdraidheil a luachadh, a' gabhail ealla ris an tùs, an adhbhar, an t-susbaint agus/no a' cho-theacsa aca
- ◆ tuairisgeulan, mìneachaidhean agus mion-sgrùdadadh a' sealltainn eòlas agus tuigse mhionaideach, a tha ceart sa mhòr-chuid, air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh na h-Alba

### Sgrùdadadh Eachdraidheil: Breatainn (Nàiseanta 5)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas buaidh leasachaidhean eachdraidheil a luachadh, agus fiosrachadh a thaisbeanadh ann an dòigh òrdail
- ◆ tuairisgeulan, mìneachaidhean agus mion-sgrùdadadh a' sealltainn eòlas agus tuigse mhionaideach, a tha ceart sa mhòr-chuid, air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh Bhreatainn

### Sgrùdadadh Eachdraidheil: An Roinn Eòrpa agus an Saoghal (Nàiseanta 5)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a shealltainn air:

- ◆ comas na cùisean a tha a' cur ri leasachaidhean eachdraidheil a luachadh, a' tighinn gu co-dhùnaidhean reusanta stèidhete air fianais
- ◆ tuairisgeulan, mìneachaidhean agus mion-sgrùdadadh a' sealltainn eòlas agus tuigse mhionaideach, a tha ceart sa mhòr-chuid, air cuspairean agus tachartasan taobh a-staigh raon de dh'eachdraidh na Roinn Eòrpa agus an t-Saoghal

Tha eisimpleirean de dhòighean measaidh airson nan Aonadan rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

## Measadh Cùrsa

Tha measadh air [luach-leasaichte](#)<sup>1</sup> ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 5, Àrd-ìre agus Àrd-ìre Adhartach thèid an luach-leasaichte a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach-leasaichte airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlan no cleachdad.

Ann an Cùrsa Eachdraidh Nàiseanta 5, bidh luach-leasaichte a' cur fòcas air:

- ◆ farsaingeachd
- ◆ dùbhlan
- ◆ cleachdad

Leudaichidh agus cleachdaidh an neach-ionnsachaidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha e air faighinn tron Chùrsa. Thèid seo a mheasadh le [pàipear-cheistean](#)<sup>2</sup> agus [pios-obrach](#)<sup>3</sup>. larraidh am pàipear-chèist gun seall iad farsaingeachd de sgilean, eòlas agus tuigse bho air feadh a' Chùrsa. larraidh am pios-obrach gun leudaich agus gun cleachd luchd-ionnsachaidh an t-eòlas agus na sgilean aca, agus bidh e fosgailte gu leòr gus pearsanachadh agus roghainn a cheadachadh.

---

<sup>1</sup> Gheibhear mìneachaidhean an seo: [www.sqa.org.uk/sqa/45528.html](http://www.sqa.org.uk/sqa/45528.html)

<sup>2</sup> Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh.

<sup>3</sup> Faic an ceangal gu h-àrd airson mìneachadh.

# **Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair**

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Chùrsa seo cuideachd. Tha na sgilean a bhiodh freagarrach airson a' Chùrsa seo stèidhete air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raoitean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhighe a-steach don Chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## **1 Litearrachd**

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

## **4 Comas-obrach, iomairt agus saoranachd**

- 4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùedadhbh agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Bidh ìre nan sgilean sin iomchaidh airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaидh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic a' Chùrsa*.

# Fiosrachadh rianachd

---

**Foillsichte:** Giblean 2013 (dreach 1.0)

**Sàr-chlas:** ri thighinn

---

## Eachdraidh atharraichean ann an Sònrrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa	Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Úghdarrachte le	Deit